



H. M. 300.











*Togadh mòr na h-Eòrpa*

---

# SEARMON AGUS ÒRAID

CEANAIDEACH



Agus gabhaibh  
clogad  
na slàinte.

Iadsan a théid sìos  
do'n fhairge air longan;  
Chi iadsan gnìomharan  
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Rìgh

Cò sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Chrìosd ar Tighearna.

*Rom. viii. 35, 37-39*

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

*Taisb. xxii. 4.*



*Cogadh mòr na h-Eòrpa*

---


# SEARMON AGUS ÒRAID

AN DR CEANAIDEACH



*Printed by* OLIVER AND BOYD, Edinburgh, *for*  
The Church of Scotland,  
The United Free Church of Scotland, and  
The Free Church of Scotland.

*The following Sermon and Address are by the late Dr Kennedy of Dingwall. The Sermon was delivered in Gaelic, taken down in shorthand by James MacDonald, James Villa, Lairg, and transliterated by William Sutherland, Saval, Lairg—both deceased. The Address is translated from "An Address to Volunteers," printed by "Charles Gibson, Edinburgh, 1886." They are edited and printed under authority of a Joint Committee of the Churches for the use of Highland Sailors and Soldiers in H.M.'s Service.*



*A sheòldairean agus a shaighdeirean  
Gàidhealach !*

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searmonachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamb, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Criosd ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Criosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmunn, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beo  
Ar dòchas chur an Dia ;  
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr  
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Criosd.

*David Paul, D.D., LL.D.*

*Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.*

*Alas. R. MacLennan, D.D.*

*Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.*

*J. Macdonald.*

*Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.*

## MAC AN DUINE\*

“ *Oir thainig Mac an duine a shireadh, 's a theàrnadh an nì sin a bha caillte.* ”—LUCAS XIX, 10.

CHA robh Criosd riamh air falbh o àite 's am bith 'nuair bha tròcair gu bhi air a nochdadh. Air an dearbh àite sin coinnichidh Criosd agus am peacach a chéile, agus 's i coinneamh bheannaichte a bhios ann. Cha robh E riamh air dheireadh, agus cheart cho cinnteach 's a bha an t-àite air òrduchadh anns an robh am peacach gu bhi faotainn tròcair, bha an t-àm dhe bheatha air òrduchadh mar an ceudna anns an dearbh àite

---

\* Searmon a thugadh seachad an Gaidhlig anns an Eaglais-iarainn an Sineais, an Sgìre Lairig, an Cataibh, 'nuair bha mòran dhaoine air an cleachdadh ann an obair-aitich air an ochdamh là air fhìch-ead de cheud mhios an Earraich, 1875 leis An Urramach Ian Ceanaideach, D.D., Ministear na h-Eaglaise Saoire, an Inbhir-Pheofharan.

## Mac an Duine

sin, agus aig an uair sin coinnichidh Criosd agus esan a chéile.

Chaidh Criosd troimh Iericho a chionn gu robh peacach an sin bha dol a dh' fhaotainn tròcair. Tha 'ainm air innseadh—b'e Sacheus e ; agus na's mò na sin, tha e air innseadh dhuinn gu robh e 'n a chis-mhaor—eun breac anns na làithibh sin, agus feumaidh esan a bhi breac da rìreadh a tha mar sin am measg pheacach. Dh'eirich olc-san a réir 'inbhe—bha sin 'n a chridhe, agus bha cothrom aige air a chur an gnìomh. Bha e saoibhir, agus cha'n'eil e air innseadh dhuinn gu bheil mòran diubh sin air an gairm. Mar chis-mhaor bha e àrdanach, bha e dubh, agus bha e saoibhir. Nach bu mhi-choltach an neach e air tròcair fhaotainn? Ach cha'n'eil slighean Dé mar ar slighean-ne, agus mar sin b'e so an dearbh neach bha gu bhi faotainn tròcair aig an uair so, agus anns an àite so.

*Rann 3.*—Bu mhiann leis Iosa fhaicinn ; cha'n'eil e air innseadh dhuinne ciod e o 'n d'eirich a' mhiann so. Tha fhios againn gu'n cuala e uime mar neach iongantach a rinn mòran mhiorbhuilean, agus bha seòrsa de dhéidh aig air esan fhàicinn ; ach na'n robh Dia air fhàgail dha fhéin, bhiodh e toilichte le sealladh a shùla, agus

## Mac an Duine

rachadh e dhachaidh 'g a chàineadh mar neach nach robh airidh air an dàrna leth a bh'air a ràdh mu thimchioll. Bha e 'na dhuine beag, agus cha b'urrainn da esan 'fhaicinn airson dòmhlachd an t-sluaigh, ach b'urrainn e ruith ni bu luaithe, agus sreap, na's fhearr na fear a b'airde, agus 's e so a rinn e chum gu faiceadh e Criosd.

*Rann 5.*—Thainig Criosd 'nuair a thainig an t-àm airson tròcair, oir cha robh e riamh air dheireadh. Sheall e suas, agus chaidh a shùil troimh-san, agus cha 'n e sin a mhàin, ach labhair e ris; agus leis an t-sùil sin, is leis a' ghuth sin chaidh ni dha ionnsuidh a chuir e troimh a chèile. Labhair e le cumhachd. 1. 'S e focal glacaidh a bh'ann. Chual' e 'ainm, agus le sin rinn a' ghairm gréim air. 2. 'S e focal greasaidh a bh'ann. 'S e so an rathad a ghabhas focal Chriosd 'nuair a thig e le cumhachd, agus mur tig focal Dé dhachaidh thugad-sa anns an rathad so, cha bhi buannachd gu bràth agad uaithe. Bho bhi 'g a ghlacail chaidh am focal air aghaidh gu bhi 'g a ghreasad, agus bha feum air sin. C'arson? Bha airson gu robh e air bruaich na h-ìutharna, agus 'nuair tha so air fhaotainn a mach, 's e àm na cabhaig a bhios ann. Bu mhaith leam gu faigh-eadh tu so a mach an diugh, ged a chumadh e o

## Mac an Duine

chadal thu airson miosa, no airson bliadhna, na'm faigheadh tu tròcair aig a cheann mu dheireadh. Ach is urrainn do Dhia obair chabhagach a dheanamh mar a thachair a thaobh Shacheuis.

3. 'S e focal irioslaichidh a bh'ann—"thig a nuas." Thubhairt e so ri 'anam cho maith r'a chorp—e thighinn a nuas o spàrdan na féin-earbsa. 4. 'S e bh'ann focal soillseachaidh — "Feumaidh mi fantuinn aig do thigh." Cha 'n e a mhàin gu 'n do chuir se e féin 'n a ghlòir fa chomhair-san, ach dh'oibrich a chumhachd ann a leithid a dhòigh 's gu'n deachaidh e gu bhroilleach. Cha'n'eil mi saoil sinn gur ann gun aithne aige co a bh'ann a thainig e nuas. 5. 'S e focal tàlaidh a bh'ann — "Feumaidh mi fantuinn an diugh aig do thigh." Gheall e cha 'ne a mhàin so, ach bha so ann, na'n tugadh Sacheus umhlachd do'n a' ghairm, is na'n tigeadh e nuas, gu 'n caitheadh e sìorruidheachd maille ris ann an néamh. Tha e air aithneachd-uinn ann an nèamh is ann an iutharn 'nuair a choinnicheas Criosd agus am peacach a chéile, ach gu bràth cha bhi an dealachadh air iarraidh anns a' cheud ionad, no air fhaicinn anns an ionad eile. Ciod e cho cumhachdach is a bha gairm Chriosd! Chuireadh so chum gréim a dheanamh air, is bha e deanta—chum a thoirt a



## Mac an Duine

nuas, agus thainig e nuas—chum cabhag a dheanamh, agus rinn e cabhag—“Feumaidh mi fantuinn aig do thigh, agus ghabh e ris gu toileach.” Ciod e nach urrainn am focal so a dheanamh ’nuair a thig e le cumhachd! Na’m biodh an t-sùil agam fo’n ungradh, bhiodh e ’n a bhriseadh crìdhe dhomh a bhi a’ faicinn na tha so a’ falbh gun chumhachd Chrìosd bhi air aithneachadh leo. Feuch gu bi an uiread so a dh’eagal ort—eagal nach bi cumhachd Chrìosd air a dheanamh aithnichte dhuit ann an tròcair.

*Rann 7.*—Cha ’n fhaca naimhdean Chrìosd riamh a mhiorbhuilean gu ceart. ’Nuair a chaidh e gus an tigh, thubhairt iad gu’n deachaidh e gu tigh “duine a bha ’n a pheacach.” Nis bha dà ni bha ’g a fhìreanachadh ann bhi deanamh sin—glòir naomhachd Chrìosd, agus glòir a ghaoil. Tha Chrìosd ag éiridh an so chum a bhi nochdadh dha’n sùilibh cleachdadh na beatha spioradail ann an anam Shacheuis, ’nuair bha esan ag aideachadh a dhroch shlighean, agus a’ rùnachadh bhi ’g an tréigsinn anns an àm ri teachd. Cha ’n fhac’ thu ni riamh tha na’s taitniche do naomhachd Chrìosd na tròcair a nochdadh: tha e deanamh sin le “spiorad breitheanais agus le spiorad losgaidh.” Ach bha ni eile aig Chrìosd r’a innseadh

## Mac an Duine

dhaibh—“Thainig Mac an duine a shireadh agus a theàrnadh an ni sin bha cailte.” “Tha sibh feargach rium-sa,” mar gu’n abradh e, “gu bheil mideanamh an dearbh ni airson an d’thainig mi.” Ciod e cho còrdta ris an obair sin a bha e Sacheus a theàrnadh, agus gu’n ruigeadh e air còir anns an t-slàinte, agus dearbhachd air gu’n do theàrnadh e. Mar a dhùin e am beòil thug e leasan briagh dha Sacheus—“Tha slàinte air teachd an diugh dh’ionnsuidh an tighe so, do bhrìgh gur mac do Abraham esan mar an ceudna.” Bha e mar sin air a dheanamh ’n a fhear-com-pairt de chreidimh Abraham, a chunnaic a là-san fad as, agus a rinn gàirdeachas. Ciod e an là beannaichte sin a bh’aig Sacheus—bha Criosd aig ’na chridhe le a Spiorad, agus bha e anns an fheòil ’n a thigh. Tha thu ag ràdh—“Ma ghabhas mi e cha bhi leithid sin a shealbh agam.” Cha bhi, ach bithidh e agad le a Spiorad an so, agus bithidh na’s leòir agad fadheòidh le bhi maille ris shuas, far an “treòraich e” a shluagh “gu aibhnichean de uisge beò, agus far an tiormaich e gach deur o an sùilibh.”

*Ceann-teagaisg—Rann 10.*—“Thainig Mac an duine a shireadh agus a theàrnadh an ni sin a bha cailte.”

# Mac an Duine

Bheir sinn fainear.

I. An Truaghan cailte.

II. A Charaid.

III. A theachd.

IV. Crioich a theachd—“a shireadh agus a theàrnadh an ni sin a bha cailte.”

I. Am fear cailte. Gun teagamh tha againn ann an Sacheus aon diubh sin a bha “cailte,” agus is ann do pheacaich chailte a thug Criosd an t-ainm sin. C'arson? 1. Cha 'n fhaigh thu an ni tha cailte far am b' àbhaist da bhi. 'Nuair a sheallas tu air a shon, agus 'nuair nach urrainn duit fhaotainn, their thu gu bheil e cailte, agus feumaidh tu sin a ràdh mu pheacaich. Bha iad aon uair dlùth do Dhia—'n a fhàbhar—'n a chomunn—'n a shlighibh, ach seall air an son nise 'n a chòir is cha'n fhaigh thu iad an sin. Seall air an son 'na fhàbhar, is cha'n fhaigh thu iad an sin—tha iad fad as uaithe—fo fheirg is fo mhallachd, oighreachan na feirge. Seall air an son 'n a chomunn is cha'n fhaigh thu iad an sin—tha iad an ceannairc 'n a aghaidh, agus ag ràdh—“Cha 'n àill leinne an duine so a bhi 'n a rìgh thairis oirne.” Seall air an son 'n a shlighibh, is cha'n fhaigh thu iad an sin—tha iad air falbh o

## Mac an Duine

shlighibh Dhé, agus cha do ghluais iad riamh annta, agus mar sin tha iad cailte.

2. An ni tha cailte tha e an cunnart bhi air a mhilleadh. Tha uaireadar agad 'n a do phòcaid, agus leanabh agad 'n a do thigh, agus mu dh'fhàgas tu aon diubh so a mach anns a' mhachair, bios iad air am milleadh, no theid iad am mugha. Millidh an stoirm an t-uaireadar, no marbhaidh e an leanabh. Tha a' chaora an cunnart 'nuair tha i air falbh o'n a chròdh, an tìribh far a bheil beathaichean fiadhaich, mur tig an buachaille chum a toirt air a h-ais. Agus 's ann mar sin tha e do d'thaobh-sa. Na smuainich mu neach eigin eile, ach mu d'thimchioll fhéin. Nach 'eil e mar sin dha do thaobh-sa, cho fad agus a tha thu air falbh o Dhia, fo làmhan a' mhortair, agus air bruaich na h-iutharna. Nach'eil thu an cunnart bhi dheth gu siorruidh? Tha mi a' faicinn a' pheacaich air bruaich na h-iutharna, gun chomas aige air aon cheum a ghabhail—a' toiltinn a bhi an sin airson a pheacannan. Ciod e a th' ann a tha g' a thàlaidh an sin? Ciod e a tha 'g a tharuing a steach? Tha mi a' labhairt riut-sa fa mo chomhair, oir is e so do dhearbh staid an làthair Dhé.

An ni nach mòr is fhiach coimhead as a dheidh

## Mac an Duine

cha teid thu a choimhead air a shon, ach an ni tha glé phriseil agad, ni thu a' h-uile ni 'n a do chomas chum 's gu faigh thu e, agus gu bi e sàbhailt agad. Shuidhich Iehobhah a chridhe o'n uile bhith-bhuantachd air cuid de'n t-sliochd dha'm buin sinn. Agus am b'fhiach iad coimhead as an deidh? Gu dearbh, a charaid, cha b'fhiach. Bha iad beag mar chreutairean, agus truailidh mar pheacaich, agus an làmhan a' mhortair. Gu dearbh is beag a b'fhiach iad coimhead as an deidh, ach ghràdhaich e iad, agus rinn a ghràdh iad-san do-labhairt priseil 'n a shealladh, cho priseil 's gu'n do chuir e a Mhac féin airson coimhead as an deidh. Bha inntinn Chrìosd, mar Dhia o'n uile bhith-bhuantachd air cuid an Lairig, agus bha a h-uile ni fachomhair airson an slàinte. Tha thu ag ràdh—" Dhùin thu an dorus orm nise gu h-iomlan." Cha d'rinn, a charaid, oir mur biodh sin fìor, cha bhiodh an dorus gu sìorruidh air fhosgladh dhuit, oir is ann mar thoradh air so tha e gu bheil a' ghairm air teachd gu do dhorus anns an t-soisgeul.

II. An Caraid. Ciod e a their sinn mu thim-chioll-san? Cha bhiodh e tuille 's a chòir a' ràdh mu dheidhinn-san nach robh riamh a leithid ann. 1. Cha robh leth-bhreac aige airson inbhe.

## Mac an Duine

Na'm faigheadh tu caoimhneas o do leth-bhreac fhéin, cha bhiodh focal mu dheidhinn ach na'm faigheadh tu caoimhneas o dhuine mòr chluinneadh a' h-uile neach mu dheidhinn, ach ciod e tha sin an coimeas ris an an duine bhochd a' faotainn caoimhneis o Mhac Dhé ann a theachd mar dhuine dhoilghiosan gu bhi coinneachadh ris a' chrann-cheusaidh.

2. Cha robh a leth-bhreac ann airson caoimhneis. Ged a chuireadh tu caomhneas uile aingle na glòire, agus uile dhaoine na talmhainn cuideachd, cha bhiodh ann uile, an coimeas ri caoimhneas Chrìosd, ach a mhàin mar am boinne as lugha de'n uisge, an coimheart ris an loch ud shìos. Cha'n'eil eadar-dhealachadh cho mòr eadar am boinne uisge agus an loch is tha eadar uile chaoimhneas dhaoine is aingeal agus caoimhneas Chrìosd an gràdh na Diadhachd. Ciod e a dh'éireas dhuit mur ruig e ort? Thàinig e chum 's gu fuilingeadh e, is gu faigheadh e bàs, is cha chreid thu e. O, ma tha e furas dhuit a bhi gun dion a ghràidh 's a chaoimhneis, agus sin sìnt' a mach dhuit, ciod a dh'éireas dhuit? Tha e 'g ràdh—"Shìn mi mach mo lànhan gu h-ìomlan ri pobull eas-umhal agus a labhras a' m' aghaidh," agus ma tha e a' deanamh sin, tha e 'ga dheanamh

## Mac an Duine

dha do thaobh-sa eadhon gu beul na h-iutharna, chum 's gu faigheadh e a ghàirdeanan timchioll ort, is gu'n deanadh e do theàrnadh.

3. 'S e an treas ni anns a bheil e a' seasamh 'na aonar, agus 's e sin a chumhachd air a bhi deanamh maith. Ged a chitheadh uile ainglean na gloire agus uile dhaoine na talmhainn thu a' luidh far an d' fhàg an tuiteam thu, cha b'urrainn iad uile do chuideachadh, no do thoirt beò, ach is urrainn an 'Ti so a' h-uile ni a dheanamh air do shon, chum do shireadh is do theàrnadh. O, na'm faiceadh tu cho fagus is tha e ort an diugh—na's fhaisge na bha e air Sacheus air mullach na craoibhe. Tha e ag ràdh—"Feuch tha mi a' m' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh : madh' éisdeas neach 's am bith ri m' ghuth, agus gu fosgail e 'n dorus, thig mi a steach d' a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille rium-sa." Bha e aig dorus eaglais Laodicea, agus tha e aig do dhorus-sa a' h-uile uair tha e a' teachd a d' ionnsuidh anns an t-soisgeul. Tha e an so an diugh le còir is le cumhachd a bhi teàrnadh. Ciod e a bhuannachd bhiodh ann duinn bhi 'g a shearmonachadh, mur biodh fios againn gu bheil e an so cheart cho cinnteach agus a tha e an glòir. Ged bu Mhac

## Mac an Duine

Dhé e bha e air fhoillseachadh anns an fheòil, air a bhreith o 'n òigh, 'na luidh anns a' phrasaich. B'fhearr leam gu faicinn an sin e airson mionaid le mo shùilibh fo bhuaidh an ungaidh na ged a bhiodh Cataobh gu h-iomlan agam dhomh fhéin. Na'm biodh aon tarruing anail agad an rathaid a bhi 'g a fhaicinn an sin, ruigeadh tu air na's mò na b'urrainn a' chriutheachd gu léir a thoirt duit. Na'm b'urrainn domh Dia a choinneachadh ann-san, ag ràdh rium—"Mo Mhac gràdhach," agus creideamh air mo thaobh-sa, coinneachadh ris a' chliù sin ann-san, bhiodh cuilm agam dha m'anam. O! "diomhaireachd mhòr na Diadhachd. Dia air fhoillseachadh anns an fheòil"—nàdur na daonnachd a' gabhail comhnuidh ann am pearsa Mhic Dhé, agus esan a' gabhail comhnuidh an sin. Bha eagal orm 'nuair bha mi a' sealltuinn ri Eden gu biodh mo nàdur 'n a stàbull aig iutharn, ach a nis, tha mi 'g a fhaicinn mar theampull na Diadhachd—an Diadhachd a' gabhail comhnuidh an sin, agus a' dealrachadh a mach an sin. Ciod an rughadh gruaidh tha nis aig a' Mhilltear, ciod a' ghlòir tha nis aig Iehobhadh, agus ciod an dòchas a th' aig an anam bhoichd!

Mu 'n Ti so tha tri nithe fìor.

(1) Thàinig e mar Shlànuighear do bhrìgh gur



## Mac an Duine

e fear-dàimh e. Cha b'urrainn neach o shean a bhi 'n a fhear-saoraidh ach fear - dàimh. A chionn gu bheil Criosd 'n a Fhear-dàimh, tha cothrom aige bhi 'na Fhear-saoraidh. Cha b'urrainn domh aithneachadh mar Shlànuighear mur robh e 'na Fhear-dàimh. Ach chì sinne Mac Dhé is Mac an duine anns an Fhear-shaoraidh. Na'm biodh sealladh agam air-san mar sin, bhiodh cuilm aig m' anam an diugh.

(2) Mar Fhear-dàimh tha mo nàdur a' gabhail còmhnuidh ann an aonadh ris an Diadhachd anns a' phearsa sin. O! Cheartais, fhuair thu làn riarachadh; O! Lagh, cha 'n e a mhàin gu bheil thu air do choimhlionadh, ach tha thu air t'ardachadh agus urram air a chuir ort; O! Ghloir na Diadhachd, fhuair thu do làn. Troimh an fheòil tha mi faicinn boillse de ghlòir na Diadhachd, agus ma tha dòchas agam-sa, tha glòir aig Dia, oir mur biodh e mar sin, cha bhiodh dòchas sam bith air mo shon-sa.

(3) 'S e Mac an duine e fo ungaidh an Spioraid. Cha 'n aithne dhomh ciod a th' aig an Spiorad ri dheanamh chum a bhi cumail suas an aonaidh eadar nàdur na Diadhachd agus nàdur na daonnachd 'na phearsa—cha'n'eil mi dol a steach an sin—ach tha e fìor gu bheil aige-san gach

## Mac an Duine

ni air a bheil iadsan a theàrnar a' cur feum. Na'm faiceadh tu cho maiseach 's a tha e, bheirinn dùbhlán duit so fhàgail an diugh as-eugmhais-san. Le sealladh fo 'n ungaidh air-san 'n a dhaonnachd is 'na Dhiadhachd, bheirinn dùbhlán duit cumail air falbh uaithe.

III. A teachd. Mar is e so an Tì, amharc ri *teachd*. Nach e so am focal aoibhneach? An d'rinn do chridhe riamh dannsa ris? Tha thu 'g ràdh—"B' fhearr leam dannsa a dheanamh le mo chasan." Gu dearbh, tha iomadh amadan ann cosmhuil riut-sa, ach na'm biodh dannsa a' chridhe agad ris an fhuaim so, cha dhiùltainn dol comhla riut. Bha soisgeul ann roimhe sin—gu'n robh e tighinn—tighinn a réir a gheallaidh an Eden—"gu'm bruthadh sliochd, na mnà ceann na nathrach." Bha so aig Abraham — gu robh e teachd—bha e aig Noah—bha e aig Maois. Bha gach iobairt ag ràdh—"Tha an t-Uan a' teachd." Bha Daibhidh 'g a chur an céill anns na Saim, Isaiah anns an fhaidheadaireachd, agus na Faidhean uile gu Eoin Baiste mu dheireadh, ach mu'n do sguir e b'urrainn e a ràdh, cha 'n e a mhàin gu robh e teachd, ach gu'n d' thainig e—"Feuch Uan Dé tha tabhairt air falbh peacaidh an t-saoghail."

## Mac an Duine

Ach ciod mu a theachd?

1. 'S e so fhoillseachadh anns an fheòil—a bhreith. Cionnus is urrainn domh 'aithneachadh 'nuair a thig e? C' ait' an téid mi a choimhead air a shon? 'N ann am measg nam prionnsachan as àirde 's an tìr, no anns na caistealan as mò? Cha 'n ann. Cha 'n fhaca mi ach aingidheachd an sin. Cha 'n fhaigh thu e ach am measg nam beathaichean anns an stàbull—anns a' phrasaich, agus, theagamh, gu robh am biadh a bh'aig na beathaichean air a sguabadh air falbh mu'n robh e air a chur an sin. Iongantas! O! an t-iongantas tha 'n so! Dh'aithnich na buachaillean e, agus na daoine glice, agus na'm faiceadh tu e gun bhuaidh an ungaidh bhi ort, theireadh tu gu robh iad amaideach. Ach bha iad glic, oir chunnaic iad anns an "leanabh bh' air a bhreith, am Mac bh' air a thabhairt"—bha glòir na Diadhachd ann an naoidheanachd a dhaonnachd a' dealrachadh an sin. Cha'n'eil mi gabhail iongantais riu airson a bhi deanamh na rinn iad. Thàinig e, agus is briagha an ni bhi coimhead ri a sheasamh 'nuair a thàinig e. C' ait' a bheil e? Air an talamh? Na's fhaisge. Ann an nàdur an duine? Na's fhaisge. Ann an àite nan ciontach? Na's fhaisge. Fo'n lagh? Na's fhaisge.

## Mac an Duine

Ann ar n-àite fa chomhair Dhé? Seadh; tha e 'n sin chum 's gu'n tugadh e do cheartas na bha e 'g iarraidh, agus dha eud Dé airson a ghlòire na bha e 'g iarraidh. Tha thu 'g ràdh—"Cha dean e sin gu bràth?" O, ni a chionn gur e an Tì tha 'n sin Mac Dhé. Bidh rathad air tighinn am fagus aig gràdh Dhé, agus bidh an truaghan air a shaoradh.

2. Tha e teachd ann an carbad, agus is glòrmhor an carbad e. Tha 'n Tì bh' air a ghlòrachadh 'n a shuidhe an sin. 'S e carbad glòrmhor a th' ann. Theirear ris "Soisgeul glòrmhor an Dé bheannaichte." So an carbad, agus c' ait' a bheil e? An Albainn? Tha. Tha e anns an Taobh-Deas; tha e anns a' Ghaidhealtachd; tha e an Lairig; tha e anns an tigh so; tha e aig do dhorus-sa, agus ma tha, is an-aoibhinn duit-sa mur leig thu a steach e. Gu'n amhairceadh Dia ort an tròcair, ma chumas tu an Tì so a mach, oir tha e cho dlùth dhuit ris an fhocal ann do bheul, seadh, eadhon ann do smuaintean, agus gidheadh, tha thu 'g a chumail a mach, agus ma tha, bios e na's truaighe dhuit mur fosgail thu dha, agus mur dùin thu ris mar Shlànuighear air teirmichean an t-soisgeil. Bi dealachadh ann fhathast, agus ma bhios, is an-

## Mac an Duine

aoibhinn duit-sa, ged a bhios a' ghlòir aig Criosd.

3. Tha e teachd. A bheil mi 'g a fhaicinn le sùil mo chuirp? cha'n'eil A bheil le sùil a chreidimh? Tha. Tha e teachd le a Spiorad. Agus c'arson tha e teachd? Tha e fhéin ag inn-seadh gu'n "cuir e an Comhfhurtair a thoirt dearbh shoilleireachd do'n t-saoghal mu pheacadh, mu fhireantachd, agus mu bhreitheanas." 'S i so obair-san, agus thoir an aire dha so—cha 'n fheairrd thu a theachd anns an fheòil agus anns an t-soisgeul, gus an tig e le a Spiorad, gu bhi a' càradh na h-oibre, oir is ann mar sin th'am peacach air a dheanamh 'na fhear-compairt dheth.

Tha mi faicinn Chriosd a' teachd gu tigh Shacheuis anns an fheòil, anns an t-soisgeul, agus le a Spiorad. Ciod an t-urram a bha air a chuir air! Ach cha d'thug sin ceann àird dha—'s ann a dh'irioslaich sin e. Tha Criosd a' teachd le a Spiorad air bonn a theachd anns an fheòil, chum a bhi a' co-chur na saorsa a choisinn e ri anaman cailte.

IV. Crioich a theachd—"a shireadh agus a theàrnadh an ni sin a bha cailte." A bheil fhios aige c'ait a bheil iad? O, tha, ach na'n cailleadh

## Mac an Duine

tu ni sam bith, agus na'm faiceadh tu e air taobh thall an loch, bha fhios agad c'ait an robh e, ach cha do chum sin thu o dhol 'g a shireadh far an robh e.

Bha fhios aig Dia c'ait an robh iad so, ach cha robh sin a mhàin na's leòir, oir cheart cho cinnteach agus a bha iad an sin, bha a ghràdh ag iarraidh a bhi ruigheachd orra—a bhi 'g an sireadh gus an ruigeadh e orra, is gu'n d'thugadh e iad gu bhi maille ris, gu bhi 'n am pobull dha fhéin, is gu'n teàrnadh e iad le saorsa shiorruidh. Ciod a bu chrioch dha theachd 's an fheòil? O, 's ann chum a bhi fulang a' bhàis airson pheacach. Cha'n'eil mi 'g àicheadh gu'n robh e air a dheanamh 'na fhear-compairt de fheòil is de fhuil, ach tha mi air uairean a' saoilisinn nach 'eil mòran tuigse aca-san tha 'g a chur mar sin. 'S ann chum am faotainn, cha 'n ann mar shluagh saorta, ach fo chiont a' pheacaidh, fo'n a mhallachd, agus fo chuing an lagha. Cha b' urrainn do Chrìosd am faotainn gus an deach' e a steach an sin. Chaidh e a steach fo'n lagh, is fo mhallachd-san. Cha b' urrainn da an toirt a mach á sin gus an d' thubhairt ceartas—"Thoir leat iad," agus gus an d' thubhairt eud Dhé airson a ghlòire fhéin—"Thoir leat iad." Agus c'uin a bha

## Mac an Duine

sin? 'N uair a cheannaich e iad le fhuil fhéin, choimhlion e an àithne, agus cheannaich e iad uile.

Tha thu 'g ràdh—"Dh'fhàg e iad air an talamh." Cha d'fhàg e aon diubh mar tha iad annsan. Thug e iad suas maille ris, oir mar a chaidh e a steach leis an fhuil, chaidh e a steach leis an t-sluagh shaorta, agus mar dhream a cheannaicheadh chaidh iadsan uile a steach. "Cha 'n eagal daibh a nise," tha thu 'g radh, "ach tha a' chuid as mò dhiubh air thalamh." Tha, ach thig e air an son le fhocal is le a Spiorad, agus gheibh e iad mar a tha iad annsan, agus buill de a chùmhnannt. Mar sin mar an ceudna, bithidh iad annsan mar shluagh saorta. Cha bhiodh cridhe Chrìosd riarichte mur biodh e làn-chinnteach gu biodh gach aon diubh air a theàrnadh. 'Nuair a sheallas e orra tha e a' faicinn comharradh na fala orra, agus bitheas iad aige mar shluagh saorta.

Tha e teachd anns an t-soisgeul, agus ciod a' chrìoch a th'aige ann a bhi teachd? Tha e teachd chum do shìreadh. A bheil thu 'g a thuigsinn? Tha mi a' freagairt air do shon—"Cha do thuig mi riamh e, is cha do chreid mi fhathast e." Cha do chreid, is gidheadh, tha

## Mac an Duine

e furas dhuit cadal a' dheanamh an diugh. Tha mi faicinn dithis 'n a do dhéidh. Tha 'm Mortair 'na do dhéidh. Nach criothnaicheadh tu na'm faiceadh tu duine a' coiseachd an sin, agus an leòmhann 'na dhéidh? Ach tha mi a' faicinn rud as miosa—tha mi a' faicinn an duine ann am beul an leòmhainn, agus air a ghiulan air falbh leis, agus an duine gu socrach an sin. C'arson? 'S ann do bhrìgh 's gu'n do mhùch an leòmhann a' bheatha as an duine. Tha e mar sin dha do thaobh-sa, oir ciod e tha 'g a d' fhàgail cho socrach ach gu bheil an leòmhann a' falbh leat, is gu bheil thu deònach dol comhla ris. Mur b'ann airson na h-ùrnuighe air a' chrann-cheusaidh—"Athair, thoir maitheanas dhaibh, oir cha 'n aithne dhaibh ciod a tha iad a' deanamh," bheirinn thairis mo dhòchas dha do thaobh-sa.

Ach ma tha am mortair 'n a do dhéidh, tha Criosd 'n a do dhéidh, agus feumaidh tu do roghainn a dheanamh eadar an dithis. Airson ùine ghoirid tha'n roghainn agad. O! Shlànuighir, thàinig thu anns an t-soisgeul, chum mise a shaoradh, ach is fheàrr leam fantuinn comhla ris an diabhol na dhol comhla riut-sa. Tha mi a' labhairt mu bhur cridheachan an dràs. Cha do



## Mac an Duine

dhiùlt thu riamh thu fhéin a thoirt dha anns an t-soisgeul nach robh sin air a ghabhail a steach 'n a do dhiùltadh. Nach mithich dhuit a thoirt thairis! Tha thu 'g ràdh—"Cha d'iarr mise riamh gu'n tigeadh e air an teachdaireachd sin." Tha cuid ag ràdh 'n uair a tha 'n leigh a' tighinn, nach maith leò gu biodh e air innseadh dhaibh gu bheil iad tinn, agus mar sin, na'n cuireadh tu fios air an leigh bhiodh iad feargach riut. C'arson? 'S ann do bhrìgh gu bheil iad a' saoil sinn gu bheil iad slàn, agus nach 'eil feum aca air an leigh. O! cho lionmhor is a tha iad ann a tha mar sin mu'n anmana.

Tha thu ag ràdh—Na'm bithinn a' smuaineachadh mu Chrìosd a bhi 'g a mo shireadh, dh'fheumainn a bhi smuaineachadh orm fhéin mar neach a tha cailte, agus cha'n'eil mi 'g iarraidh gu biodh sin a' cur eagail orm. O! na fan anns an staid sin. Ma thig thu dha ionnsuidh ann an umhlachd d'a ghairm fhéin gheibh thu ann-san a' h-uile ni air a bheil thu a' cur feum, chum 's gu biodh tu air do shaoradh leis le slàinte shiorruidh. Feuch nach cail thu sin airson t-anma.

Tha mi faicinn neach air leabaidh tinneis, agus tha dithis comhla ris—fear air gach taobh. Air an aon taobh tha leigh 'n a sheasamh, is sgian gheur

## Mac an Duine

aige ann an aon làimh, is cunghaidh shearbhadh aige 's an làimh eile, agus cha 'n urrainn do'n duine thinn a bhith air a leighis gus am bi iad so air an cleachdadh. Air an taobh eile tha neach 'n a sheasamh agus deoch caidil aige ann an aon làimh, agus deoch phuiseanach aige 's an làimh eile. Tha deoch cadail aige chum 's gu'n toir e dha an deoch eile. Ciod e 'tha mi a' faicinn? Tha mi a' faicinn an duine tinn a' tionndadh o'n leigh, agus a' tionndadh ris an fhear eile le bheul fosgailte, chum is gu'n gabh e an deoch cadail. O, tha na milltean ann an diugh a' tha deanamh sin ann an seadh spioradail. Tha iad a' tionndadh air falbh o'n t-Slanuighear, agus tha iad a' dol comhla ris a' Mhilltear.

Tha mi a' faicinn Chrìosd a' tighinn le a Spiorad, agus ciod is crìoch dha theachd? 'Nuair a tha neach a' dol a shireadh airson ni a tha cailte, tha e glé thrì a' lasadh coinnle chum 's gu'm faigh se e. Cha'n'eil feum aig an Tighearn air coinneal, ach tha feum aig an duine bhochd air sin. Tha e a' teachd agus a' cleachdadh focail an Lagha an toiseach. Ma dh'fhaoidte gu bheil e beantainn ri cleachdadh air choireigin a bh'aige, agus tha 'm focal a nis 'n a fhocal dìtidh dha, agus tha e 'g a' fhaicinn fhéin toiltinn a bhith air a thilgeil gu

## Mac an Duine

iutharn. Ach fuirich airson tiotain. Tha Criosd a nis a' tighinn le focal an t-Soisgeil; agus cia mar a tha e 'g a fhaotainn? Le bhi feuchainn da ma tha e 'n a fhocal dòchais dha na h-uile, gu feum e bhi mar sin dha-san. Tha 'n Spiorad a' tighinn a steach mar Spiorad na beatha.

Fhuair am Fear-saoraoidh esan, agus fhuair esan am Fear-saoraoidh ann an solus an Fhocail, agus cò is urrainn an cumail o chéile—gineal Dé anns an anam, agus Criosd anns an t-Soisgeul? Cha 'n urrainn a h-aon. Tha 'n fheòil ag ràdh—'S urrainn domhsa, agus an saoghal ag ràdh—'S urrainn domhsa, agus an diabhol ag ràdh—'S urrainn domhsa; ach feuchadh iad uile. Cha'n'eil aon air an talamh, no'n iutharn is urrainn an snaim eadar Criosd agus an t-anam fhuasgladh. O, a Shlànuighir, fhuair thu e! Ciod e a tha thu dol a dheanamh ris? Ni mi e 'n a bhall de mo chorp; cuiridh mi e fo sheula mo Spioraid; còmhdaichidh mi e le trusgan m'fhìreantachd; bheir mi a steach e an làthair M'Athar; agus gheibh mi beannachd na beatha maireannaich air a shon; ni mi e 'n a leanabh troimh uchd-mhacachd, agus bithidh e fo churam an Triuir ann an aon ge b'oil leis an t-saoghal, an diabhol, agus an fheòil, agus bithidh e air a theàrnadh le saorsadh shìorruidh.

## Mac an Duine

Chuala tu briathran a chinn-teagaisg. Tha mi a' togail fianuis fa chomhair suilean Dé, agus caithir a' bhreitheanais—fa chomhair gach aon tha 'n so, gu'n cuala tu na briathran so mu Chrìosd, agus crìoch a theachd air an innseadh dhuit an diugh. Feumaidh mi freagairt fhaotainn dha aon cheist o na h-uile neach tha 'n so—cha 'n e gur urrainn domhsa sin a chluinntinn, ach feumaidh Dia freagairt fhaotainn. Agus ciod i a' cheist? A bheil thu gu bhi air do theàrnadh leis, no nach 'eil? Ciod i a' cheud fhreagairt a tha mi a' cluinntinn? “Tha mi coma co dhiùbh gheibh mi e no nach fhaigh.” A dhuine bhochd, b'fheàrr duit gu bu tu an suidheachan air a bheil thu 'n a do shuidhe, ma leanas tu air aghaidh anns an rathad so.

Tha fear eile ag ràdh—“Cha 'n iarrainn gu'm fàgadh Crìosd mi an còmhnuidh, ach is fheàrr leam fuireach airson beagan ùine fhathast mu'n tig mi d' a ionnsuidh.” Tha mi 'g innseadh dhuit gu bheil an gnothuch so eadar aibh anns na tearc mhionaidean goirid a th' agad air bruaich na bith-bhuantachd, agus feumaidh tu bhi air no dheth leis a' gnothuch—“Feuch a nis an t-àm taitneach, feuch a nis là na slàinte.”

Tha neach eile ag ràdh—“Tha mi an dòchas nach

## Mac an Duine

urrainn domh aicheadh gu'n d' fhuar mi mach ma bhios mi gun Chrìosd gu'm feum mi bhi dheth gu sìorruidh, ach is beag buaidh th' aig sin air m' fhaireachduinn. Tha mi cho cruaidh-chridheach-cho marbh, agus ma tha e air fhàgail eadar mise agus an Soisgeul bithidh mi dheth gu sìorruidh." 'S fheàrr leam labhairt riut-sa na ris an fhear eile. Seall ciod e a th' anns a' cheann-teagaisg—"Tha Mac an duine a' teachd a shireadh, agus a theàrnadh an ni sin a bha cailte." Tha e 'g innseadh dhuit gu bheil baranntas agad a ràdh ris—"Tha mise cho cailte 's gu bi mi dheth gu sìorruidh mur faigh mi cabhair uait fhéin. So agad mise chum mo ghlanadh, chum mo shoills-eachadh, chum m' ath-nuachadh, chum a bhi dhomh na h-uile agus anns na h-uile. Ma thig thu gu so cha bhi an diùltadh air taobh Chrìosd.

Tha fear eile ag ràdh—"S e mo dhòchas ann an dol an coinnimh na sìorruidheachd, a bhi 'g a mo thilgeil fhéin air, agus a bhi 'g a m' fhàgail fhéin 'na làmhan. O, a charaid, cha 'n fhàillinnich e thu ma's e fhocal fhéin do bharanntas."

Tha neach eile ag ràdh—"Fhuair e mi, ach tha mòran de'n t-seacharan annam-sa fhathast, ach tha e agam, is tha dòchas agam annsan gu bi crùn mo theàrnaidh air a cheann beannaichte fhéin; agus

## Mac an Duine

's e mo mhiann a bhi 'n am measg-san a tha seinn a chliù troimh an uile bhith-bhuantachd." Ma tha sin agad o Dhia, gu robh a bheannachd ort, is gu fanadh sin ort; agus gu'm beannaicheadh e fhocal, is da ainm gu robh an cliù. AMEN.

# ÒRAID DO SHAIGHDEIREAN SAOR-THOILEACH

*Òraid leis an Dr Ceanaideach aig fosglaidh Talla shaighdeirean ann an Drochaid A' Bhanna, Giblean, 1880.*

B'È an t-ainm a thug bhur Caiptean air a' cheud iarrtus a chuir e thugam an Talla so fhosgladh le òraid, "buille air an deas." Lean air sin "buille air a' chli," a' bagradh "buille air a' bheulaobh air fad," ma bha mi fhathasd a' diùltadh géilleadh. Air dhomh a bhi dh'easbhuidh a leithid a threubh-antais 'sa choinnicheadh a' bhuille mhòr so, chuir mi a' bhratach bhàn thuige air ball. An lorg sin tha mi an so a dh' oidhirpicheadh a ni sin a dheanamh a dh' iarradh orm. Tha mi an dochas gu'n creid sibh bhuan gu'n d' thàinig mi cha'n ann a mhàin fo eagal diùltaidh ; oir tha na's lugha mhiann na mhisneachd agam dhol an comh-stri r'ar saighdeirean saor-thoileach, curanta.

Tha tlachd agam anns an oidheirp saighdeirean saor-thoileach a thogail. Tha mi a' toirt buidheachas Dhasan, a' làmhaibh a bheil uile chridheachan,

## Òraid do Shaighdeirean

gu'n do bheothaich E, chum na crìche so, gràdh dùthcha oigridh ar tìre. An uair bha bagairt a' tighinn o'n Roinn-Eorp' dh'ionnsuidh nan eileanan so, bhiodh e 'na mhasladh air treubhantas mac foghainteach Bhreathuinn mur a d' eirich iad mar aon duine a dhìon an dùthaich mhàthaireil. Tha ar tìr crioslaichte leis a' chuan. Thug an Cruithear Mòr, a thug dhuinn ar n-àite anns na h-uisgeachan ro-mhòr, balla thònn duinn mar thearmunn. Ach tha e ceart gu'm biodh feachd dhaoine ri slios nan cladaichean air a bheil onfhadh a' chuain iaraich, agus stuadhan beucach a' chuain thuathaich, a' bualadh. 'Se Esan a rinn uisgeachan da chuan 'nan callaid timchioll oirnn, a thionail r'a chéile buidheannan dh' oganach mar shaighdeirean saor-thoileach a dhìon an tìr 'sa bheil ar tàmh. Ann a bhi a' labhairt mar so, cha'n 'eil mi a' tagar gu bheil na h-uile tha 'gan tairgse fhéin do'n t-seirbheis so, aon chuid gu tuigseach no gu fiosrach fo bhuidh umhlachd do thoil an Uile-Chumhachdaich. Ach is e a làmh mhòr a ghluais iad, agus is e aobhar mòr da-rìreadh e air taobh an do chruinnich iad. Oir tha araon ar Ban-Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b'e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgàth.



## Saor-Thoileach

Agus tha dùthaich againn airidh air dìon mar nach 'eil dùthaich eile air aghaidh na talmhainn. Tha rìoghachdan ann na's fairsinge na Breatuinn, fo chumhachd ard-uachdaranan eile. Tha tìrean eile ann air a bheil a' ghrian a' deàrrsadh na's soilleire. Tha iomadh dùthaich ann le talamh as torraiche, agus le aimsirean as tìoraile. Tha ar n-eileanan, ann an dealbh an t-saoghail, mar gu'm biodh iad air am fògradh bho nam mòr-thìrean, agus bho am buannachdan. Tha sinn mar gu'm biodh sinn air ar tréigsinn le rìoghachdan mòr an t-saoghail, ged tha sinn aig a' cheart am an eisimeil am mòr ionmhasan. Nach beag, agus nach aonarach na h-eileanan so a muigh 'sa' chuan mhòr! Gidheadh tha slat-shuaicheantais ar Rìgh sìnte thairis air na's mo de'n domhain na slat-suaicheantais Rìgh sam bith eile. Cha'n'eil anns na h-eileanan so ach tuathanas-tighe na h-oigh-reachd mhòir. Ann am mòr-thìrean an domhain tha sealbhan cho mòr againn, ionnus gu bheil ann an aon diubh, aon di-threabh, no loch na's mò na Alba gu léir. As na muillionan a tha 'san Impir-eachd mhòr an ear is gann dh' fhairicheadh iad uiread ri uile phobull Bhreatuinn àsda. Tha eileanan, cuideachd, fo ar Crùn, an coimeas riutha, na'n cuireadh tu Breatann air acair ri'n

## Òraid do Shaighdeirean

taobh, ged tha i mòr 'nar sealladh, bhiodh an dùthaich mhòr so againn ro-anabharrach beag. Cia as thàinig na sealbhan mòra so? Co thug dhuinne a leithid so de chumhachd? C'ar-son a rinneadh Breatann mòr? Cha'n fhaod e bhì gu bheil a mòrachd gun mhàthair-aobhair. Fhuair sinn e Uaithe-san a tha riaghladh thairis air uile chinneach, agus a bha, mar is urrainn d'an Uile-chumhachdach, a' roinn na talmhainn a réir a thoile, agus a' buileachaidh cumhachd ar na fineachan a tha 'gan sealbhachadh. Gun teagamh choisin sinn le buaidh airm, ach is e Tighearna nan cathan a thug dhuinn a' bhuidh. 'Tha e fìor gu'n robh seòldairean ar soithchean cogaidh cruadalach agus neo-sgathach, agus am fìr-iùil geur-eòlach agus dàn. Tha e fìor, cuideachd, gu'n robh an t-arm làn de dhaoine fèitheach, calma fo Sheneleirean cho ainmeil 's nach d' thugadh an ceum toisich air cuid diubh fathast. Ach co thug dhuinn na daoine so? Co cheannsaich agus dh' orduich cuisean chum buaidh a thoirt d'ar n-armaibh? Is ann d'an 'Ti as Àirde tha sinn fo fhiachaibh airson an tuilleadh fearainn agus an còrr cumhachd a fhuair sinn. Is leòir sealladh aithghearr de dhealbh an t-saoghail a chum so a dheanamh soilleir. B'e neart ag oibreachadh tre

## Saor-Thoileach

anmhunnachd a b' aobhar do mhòrachd Bhreathuinn.

Ach tha ni ann as feàrr gu mòr na meud ar fearainn agus anabarrachd ar cumhachd, eadhon so, gur e tha'n am *Breatann fir na saorsa*. Mar nach 'eil tìr eile ann as mò, cha'n'eil aon eile air agaidh na talmhainn le leithid a shaorsa. Tha ar seòl-riaghlaidh, le a dìon an agaidh mi-riaghailt air an dala làimh, agus aintighearnais air an làimh eile, le aideachaidh àrd-uachdranachd Iehobhah, agus gnùis da reachdaibh Criosdaidh, agus le Prostanas ro-shoilleir, innte féin, airidh air a leithid a dhìon agus gu'm bu chòir do rogha mhac Bhreathuinn a mheas mar urram am fuil a dhòirteadh as a leth. Is maith a fhuair eadh saighdeirean saor-thoileach Bhreathuinn tional mu thimchioll brataich na saorsa. Tha ar Rìghrean a réir dùthchais, ar aon-fhlathachd dùthchasach le ar *Parlamaid* fear-ionaid an t-sluaigh, a toirt dhuinn riaghladh cho sònraichte, tha 'na urras air ordugh agus saorsa, is nach faighear a leithid ann an rioghachd eile 'san t-saoghal. Cha'n'eil mise a' cur an aghaidh atharraichean d'an crìoch tuilleadh saorsa, ma tha urras deagh-ordugh dìongmhalta. Cha'n'eil mise a' gearainn air còir roghnachaidh luchd-ionaid a bhi na's fairsinge, a

## Òraid do Shaighdeirean

mhàin, ma bhios comas na còire a chleachdadh gu glic a' deanamh aghartachd uidh air-n uidh. Ach tha mi a' cur an aghaidh na d'rinneadh chum Prostanas sònraichte ar seòl-riaghlaidh a chur an lughad. Cha robh ann a bhi a' leigeil am measg ar luchd-riaghlaidh iochdarain fo bhòid do chumhachd coimheach agus naimhdeil, agus buill de Eaglais neo-dhligheach agus eascairdeach, ach toradh eud meallta airson saorsa. Is cinnteach nach d' iarr saorsa cumhachd a bhi air a chur ann an làmhaibh na muinntir sin nach do riaghail riamh, ach a chum bhi a' cur fo dhaorsa, agus anns an tìr so a bha glaodh airson saorsa, a mhàin, a chum agus gu'm faigheadh iad cumhachd a dhearbhas e féin mi-sheirceil dha gach uile shaorsa, ach an t-saorsa sin ni foirneart air cogais, agus a dhòirteas fuil nan uile tha dealaichte uatha agus a chuireas 'nan aghaidh. Min-bhriste gu'n robh an cumhachd sin a ghluaiseadh ar rioghachd gu tinne sin a sgaradh a tha a' ceangal crùn Bhreatuinn ri cuis na firinn agus na fireantachd, agus ris an Eaglais air son a bheil eadhon Esan a' riaghladh as Rìgh nan rìgh agus Tighearna nan tighearna.

Tha cinnich ann a tha ag ràdh gu bheil iad a mealadh na's mò shaorsa na sinne, do bhrìgh, a

## Saor-Thoileach

mhàin gur comh-laitheachd iad. Ach 'sann am *bòsd* agus cha'n'ann an *saorsa* a bheir iad barrachd oirne. Tha fòirneart ann an riaghladh pobuill a cheart cho cinnteach 's a tha e fo shaor-riaghladh Rìgh. Tha e uairean a cheart cho cunnartach eadar-dhealachadh ann am beachd bho na mhòir-chuid 'sa' chomh-fhlaitheachd ri diùltadh géilleadh dh'àithne aintighearna rioghail. Maille ruinne tha saorsa araon bho ainneart a' mhoran agus fòirneart a' bheagan. Tha an duine saoi bhir a cheart cho cunntasach d'an lagh ris an duine bho chd. Cha'n amhuil sin an dùthchannan eile a tha a' deanamh bòsd á saorsa is coimhionnanachd. Faodar *an sin* an luchd riaghlaidh agus am breitheamhnan a thoirt a thaobh le duais, agus am fabhar a cheannach. Cha thachair sin *an so*. Gidheadh tha fhathast tuilleadh 'sa' chòir a chothrom air a cheadachadh an taobh a steach chearcaill an lagha do mhuinntir shaoibhir fòirneart a dheanamh air a' mhuinntir bho chd, eadhon 'n ar tìr. Ach tha an t-àm air dol seachad anns am biodh cleachdadh uile chomais an lagha air a' ghiulan gu sàmhach. Bu ghlic dhaibhsan aig a bheil an cumhachd nach do chleachd iad e gu dochannach. Ann a bhi dol cho fada agus a cheadaicheas an lagh dhaibh, a thagar a còirichean agus a thoirt

## Òraid do Shaighdeirean

geur-fhaireachduinn d'an luchd-eisimeil air a' cumhachd, cha'n'eil iad ach a' brosnachaidh a leithid a dh' eirigh am measg an t-sluaigh agus, 'na thonn mòr an dian-chorruich, a sguabas ás gu h-ìomlan an inbhe, an cumhachd, agus an cuid.

Tha dùthchanan ann, mar an ceudna, far a bheil lasair mòr-ghreadhnachais a' deanamh inbhe an fhir-riaghlaidh cho dealrach agus gur gann a chithear, fa chomhair sin, an greadhnachas a bhuineas do inbhe ar Rìgh-ne. Gidheadh cha ni sam bith eile sin, ach boillsgeadh cumhachd laisgeanta an aintighearna. Is meadhon sin, a mhàin, gu gintinn urraim an aineolais a bheir air soidean mìodalach na Cuirt, agus air bochdan diblidh strìochdadh do thoil an fhir-fhoireigne neo-bhàidheil. Tha ar Ban-Rìgh anns an t-suidh-eachadh shona anns nach 'eil i aon chuid ro fhad as bho inbhe a h-ìochdarain, no dh'easbhuidh an urraim a dheanadh ball-magaidh dhi ann an sealladh na muinntir sin d'am buin e urram a thoirt dhi; agus tha ar laghan a' deanamh a staid rioghail cho soilleir ann a bhi a' deanamh cinnteach dhi urram iomchuidh, agus a' cur crìochan r'a cumhachd pearsanta.

Tha ar saorsa eaglaiseil 'na tìodhlac as prìseile dhuinn na saorsa chomunnach agus staidheil. Tha

## Saor-Thoileach

i againn do bhrìgh gu do ghràdhaich ar sinnsir i eadhon gu bàs. Chuir iad meas mòr oirre a chionn gu'm b' àill leo aoradh a dheanamh do Dhia a réir 'Fhocail, agus a bhi saor gu thoil a chur an céill agus a dheanamh. Tha an t-saorsa so againn a nis do bhrìgh gu'n do choisinn iad còir a sealbhachadh le éirig am fola. Ach tha innleachdan air chois a chum ar spùineadh de an asgaidh luachmhor so. Tha an Roimh a' roinn ar dùthcha a rithist, mar bu nòs, 'na sgìreachdan Easbuig, thairis air am bi buidheann bho chumhachd allmharach, gnìomh-chomasach a bhi comh-chur reachdan na Ròimhe. Ma dh'fhaodhta, ann an ùin gun bhi fada, gu'n dean na h-innleachdan seòlta agus glòir-mhiannach so ùbraid mhòr 'nar tìr. Tha iadsan a tha gnìombach 'sa' chùis so, 'nar measg, a' feitheamh air an uair anns am bi cumhachd Papanas 'san tìr so air àrach gu làn neart, ionnus, le cobhair allmharach an taic luch-brathaidh 'nar measg, gu'm bi e comasach air ar cur a rithist fo chis do chumhachd fuilteach an Ana-Criosd. Na ruigeadh an là eagalach so oirne, bhiodh feum air arm de shaighdeirean saor-thoileach Prostanach a chathachadh airson saorsa, agus a rùnachadh, mar na *Cumhnantaich* roimh so, nach bi lorg coise an fhoireigniche

## Òraid do Shaighdeirean

air ùir Alba an gaoil gus an do dhath iad, an toiseach, dearg i le am fuil.

Agus tha àille a maise, maille ri buannachdan eaglaiseil, comunnach, agus stàideil a' dluth-cheangal cridheachan na h-uile dhinn r'ar dùthaich mhàthaireil. Tha sinn, 'san ionad so dh'easbhuigh mòr-mheud chearna eile. Cha 'n 'eil 'nar tìr nithean cho ro-chomharraichte ri fireachan nan *Alps*, no *Niagara*, a thàladh gu ar cladaichean eilthireach o dhùthchanan céin. Ach tha againn ann an Alba bhòidheach fiamh ghruaimeach nam beann, agus maise shèamh nan gleann, a tha, comhla ri na lochan agus na h-aibhnichean thall'sa bhos, 'na shealladh a tha araon a' fàgail a lorg domhain ann an cridheachan a mac mhothachail, agus a' giulan a leithid a thoileachas inntinn, ionnus gur i an tìr so as fàrdach dhaibh as i am miann gu fìor. Bu chòir do "thìr nam beann" a bhì na "tìr nan gaisgeach" ullamh gu cogadh airson an tìr mhàthaireil an agaidh gach fear-fòirnìdh, agus rùnaichte gach gnè eu-ceart iomain thar a crìochan.

Agus is i so tìr nan dachaidhean as sìtheile agus as sona a tha air an talamh. Mur 'eil pailteas againn, is fhada tha sìth againn. Mur 'eil ar fearann cho torach ri talamh dhùthchanan eile,



## Saor-Thoileach

agus ma tha sinn as eugais blathas tiorail thirean eile, tha brosnachadh againn gu spàirn nach ceadaich leisg na muinntir sin a tha air thàmh am measg pailteas de thoraidhean an t-samhraidh. Bu chòir baideal de shaighdeirean saor-thoileach Bhreatannach a bhi ceithir thimchioll tighean comhnuidh nam Breatannach. Is aithne dhuinn anns an tìr so beannachdan fois baile, agus bu chòir dhuinn, dh'aindeoin gach cunnart a bhi daonnan ullamh a chum an dìon. Agus an uair tha gràdh teach', maille ri gràdh tìre, a' cur eud an t-saighdear 'na theine. cha'n'eil crìochan roimh dhànachd a spioraid, agus cha'n'eil euchd arma anns nach bi a làmh.

Seadh, is fhiach Breatann a dìon, agus tha aoibhneas orm gu'n d' eirich a mic anns a' ghluasad mhòr so, a dh'innseadh, seadh a dh'innseadh do uile rioghachdan an domhainn, gu bheil iad ullamh an dùthaich mhàthaireil a dhìon. Cha'n'eil e air iarraidh orm m' aonta a chur ris gach ni a dh' fhaodas a bhi co-cheangailte ris a' ghluasad so. Tha mi a' cur m' aonta ris thuige so a mhàin, eadhon ma tha e air fhoillseachadh gu bheil teine eud an àrmuinn fathast beò, agus gur iad mic Bhreatuinn daoine saor a tha fo bhòid an tìr as leo a dhìon. Ni mò a dheanainn fealla-dha dhe

## Òraid do Shaighdeirean

an arm shaor-thoileach mar gu robh a shaighdeireachd uile co-sheasamh 'na earradh. Cha'n'eil co-fhaireachadh sam bith agam riutha-san a tha 'ga choimeas gu leth-bhreitheach ris an arm shuidhichte do bhrìgh gur e am feachd so a ni an cogadh. Dh' iarrainn a bhi taingeil nach 'eil obair cogaidh aig na saighdeirean saor-thoileach r'a dheanamh. Gu ma fada mhaireadh e. Cuiridh e ri fad laithean an saorsa uaithe, iad a bhi, a nis, uidhimichte. Cha ruig sinn a leas a bhi air ar n-éigneachadh gu géilleadh, le bagair teachd feachd thar thònn, fhad agus a tha an armailt dhìon so againn, agus ni an làthaireachd agus an uidheam ar saoradh eadhon bho'n bhagar. Rinn fìor rogha an oigridh, as gach staid, iad féin a cheangal ri armailt nan saighdeirean saor-thoileach. Cha'n'eil buidheann dhaoine as eireachdaile fo arm an tìr sam bith eile. Gu ma fada bhitheas e mu'n aithne dhaibh cìod e a bhi *fo theine*, an àite a bhi air a *chùil*, agus mu'n nochd iad comharraidhean na luaidhe air an cuirp an àite a bhi 'gan aireamh air an targaidean! Gu ma fada bhitheas e mu'm bi iad féin nan targaidean do pheileirean an nàmhaid.

Ach ma dh' iarr sibh orm labhairt aig fosglaidh an 'Talla so, is ann, *gun teagamh*, ann an ceann mo

## Saor-Thoileach

ghairm, mar shaighdear a dh' iarr sibh orm sin a dheanamh. Oir is saighdear mi, co dhiùbh 's e sin m'aideachadh. Ma tha mi treibhdhireach, a réir m'aideachaidh, is saighdear mi, agus ma tha àite urramach agam 'san armailt d'am buin mi, is e a bhi togail shaighdeirean. Agus tha fhios agam gu'n ceadaich sibh dhomh m'ùghdarras a chleachdadh; oir anns an armailt d'am buin mise cha'n'eil fear-togail shaighdeirean gun ùghdarras. Tha ùghdarras aige, agus cha'n'eil e ach fo'n Àrd-Chomann-dair—"Ceannard na slàinte."

Mar fhear-togail shaighdeirean tha tasdan an Rìgh agam gu thoirt do na h-uile, gun leth-bhreitheachd ann, agus bidh na h-uile a ghabhas e air ball 'nam buill de'n armailt so. Agus cha chuir a ghabhail bachdadh air obair laghail sam bith, no air saighdeireachd ris a bheil neach sam bith cheana ceangailt. Iadsan a chathaicheas air taobh mo Rìgh-sa, faodaidh iad cathachadh air taobh bhur Ban-Rìgh-sa agus bhur tire. Bhiodh iad 'nan saighdeirean a b' fhearr do Bhreathuinn na'n robh iad an toiseach 'nan saighdeirean Crìosdaidh. Cha ghluasad reubaltach e an ceann a bheil mise. Cha'n'eil mi a' brosnachaidh ceann-airc no teichidh. Cha'n'eil mi a' tàlaidh dhaoine bho armailt an Rìgh laghail agus thalmhaidh,

## Òraid do Shaighdeirean

ach is e mo mhiann a bhi sgaradh bho na h-uile sheirbhis mi-laghail.

A chionn gu'n d' iarr sibh orm labhairt, ceadaichidh sibh dhomh a bhi gnìomhach a réir m'ùghdarrais. Tha fhios agam gu'n coma leibh an saighdear a tha a' gabhail nàire as a bhrataich; agus, do bhrìgh gur e tha annam fear-togail shaighdeirean, ceadaichidh sibh dhomh impidh a chur oirbh airgid mo Rìgh-sa a ghabhail, chum agus gu'm bi sibh air àireamh na h-armailt ris a bheil mise<sup>r</sup> ceangailt. Ceadaichidh sibh dhomh labhairt m'an Rìgh fo bheil mi, agus m'an aobhar air taobh a bheil mi ag iarraidh oirbh bhur n-àite a ghabhail, mu dhòigh ghabhail "an toirbheartais," agus mu'n t-seirbhis anns am feum a' h-uile saighdear Crìosdaidh a bhi a' gabhail pàirt.

Tha AN RÌGH "sònraichte am measg dheich mìle." Cha robh agus cha bhi a lethbhreac ann. Co-ionnan ris an inbhe cha b'urrainn Rìgh a bhi, oir tha E neo-chrìochnach àrd. A choimeas ann an sgéimheachd cha'n'eil idir ann, oir 'na Phearsa tha uile ghlòir na diadhachd, agus iomlanachd maise na daonnachd. Ann an saoihbreas cha'n'eil a choimeas, oir is "oighre e air na h-uile nithean." Air dha uile ionmhas na diadhachd a bhi aige, tha aige mar an ceudna

## Saor-Thoileach

pailteas glòire a dheanamh aoibhinn, pailteas airidheachd a dheanamh saor, agus pailteas gràis a theàrnadh na phògas a shlat. A choimeas ann an *cumhachd* cha ghabh a bhi ann, oir dhasan tha na h-uile nithean comasach. Air fhocal leum saoghail do-àireamh gu bith. Tha E “a’ cumail suas na h-uile nithean le focal a chumhachd.” Le *cumhachd* fhocail bha mòr shluagh na h-ifrinn air am fuadach bho a ghnùis, agus bha cuibhrichean a’ bhàis air am briseadh. Agus ruigidh asgnadh a mhiorbhuilean air talamh an àirde, an uair a bheir e na mairbh uile beò, agus a bheir e na dh’éirich o na mairbh chum breitheanais, agus a bheir e an talamh le a dhùile uile, le a chruth, agus le a thomad, thairis do theine dian-loisgeach. Agus ann an *gràdh* cha’n’eil a choimeas ann. Thug E dearbhadh thar tomhais air mar a ghràdhaicheas E. Fhuair E bàs air a’ chrann, a’ giulain na nàire agus na dòruinn a bha co-cheangailte ri bhi fo’n mhallachd, agus is neo-chriochnach luachmhor na toraidhean a ghiula-ineas a ghràdh dhaibhsan a thig fo ’bhrataich. Thug E a bheatha airson a shaighdeirean uile, chum gu’m maireadh iadsan uile beò, agus cheangail E am beatha suas ’na bheatha féin, ionnus nach faigh iad bàs gu bràth. Agus ann

## Òraid do Shaighdeirean

an *fireantachd* cha'n'eil a choimeas ann. Dh' fhuiling E bàs a chruinne-cheusaidh a chun gu'm biodh ceartas air a riarachadh le fhuil; agus bidh cumhachd neo-chrìochnach a bheatha air a chleachdadh ann a bhi a' deanamh làn-dhearbhta dha shluagh uile an còirichean gu léir, agus ann a bhi a' cur gu neo-bhrìgh uile ana-ceartais. Agus ann an dilseachd cha'n'eil a choimeas ann, oir is eucomasach dha breug a dheanamh. Gach focal a thig á bheul tha e na's seasmhaich na na beanntan siorruidh. Agus ann an *glòir a rioghalachd* cha'n'eil a lethbhreac r'a fhaotainn. Cha'n e a ghlòir-sa glòir o leth a muigh, gu bhi aig ardachadh an inbhe 'sa bheil E, mar tha fìor mu ghreadhnachais rìghrean talmhaidh. Ach uaithe fhéin tha a ghlòir. Tha E a' cur glòir air 'inbhe agus air a chathair le 'thaisbeanadh air Féin. Bho neach eile cha d' thàinig 'urram. Is solus a ghlòir neo-chrìochnach e, air neadh is toradh a chumhachd neo-chruthaichte e. O, is Rìgh E san as am faodar uail a dheanamh! Is maith a dh' fhaodas clann Shìoin uile, a' seasamh armaichte ann an geataichean Shìoin, a bhi aoibhneach 'na Rìgh.

Is e an T-AOBHAR cùis na fìrinn, agus na fireantachd, agus na slàinte. Is masladh duaich-

## Saor-Thoileach

nidh e a bhi air taobh na mearachd. A dheanamh stri an aghaidh na firinn is e an diblidheachd as suaraiche a tha ann. Oir is e so a bhi ann an sreathaibh armait aig a bheil “Athair na breige” air a ceann, seadh, armait de thràillean agus de fhùidsidhean. Is luchd-brathaidh iad so uile air an aobhar airson am bu chòir dhaibh cathachadh. Agus is cridheachan fùidseach, daonnan, cridheach-an mi-dhìleas. Tha iad a dh’ easbhuidh freumh na fìor ghaisge, a ni is e an fhirinn, agus tha iad as eugais an neart a tha ri fhaotainn ann a bhi leigeil taic air Dia na firinn. Cha’n fhìor ghaisge dalmachd gharg an duine a tha dàn am peacadh. Ach is e an gaisgeach as mò tha air talamh an duine air a bheil eagal peacaidh. Is e “am firean” a tha “treun mar an leòmhán.” “Teichidh an t-aingidh an uair nach ’eil aon neach ’ga leantuinn.” A bhi cathachadh gu dìchiollach airson a’ chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh is e an combrag dh’ionnsuidh a bheil “deagh shaighdeir Iosa Crìosd” air a ghairm. Agus tha e air a ghairm gu cathachadh airson *cartais* cho maith ri firinn—airson na tha lagh ag agradh cho maith ris na bheil an soisgeul a’ tairgse—airson *subhailc* cho maith ri creideamh—airson *caithe-beatha ionraic* cho maith ri *creud*

## Òraid do Shaighdeirean

*sgriobtuireil*—airson saorsa seirbheis a dheanamh d'an Tighearna cho maith ri saorsa *fhirinn* a *chumail* agus *aideachadh*. Is e a bhi a' cur làmh 'san aobhar sin a bhi seasamh air taobh Tighearna nan sluagh, agus iadsan uile a tha coisrigte ris an aobhar so tha Esan aca air an taobh. Tha iadsan uile a tha' cathachaidh fo a bhrataich air an dion fo sgàile a sgéith. Is e cùis na *firinn* agus na *fireantachd* cùis gràis agus *teàruinnteachd*. Cha'n 'eil a h-aon sabhailt ach am measg shaighdeirean an Tighearn Iosa Criosd. 'Tha iad a' ghabhail taoibh gràis a tha a' cathachaidh airson na firinn, agus tha gràs a' gabhail an taoibh-sa. Is e gràs a thug iad gu taobh na firinn agus na fireantachd, agus is maith bu chòir dhaibh a bhi eudmhor mu urram-san. Tha am beatha foluichte o shaighead, shleagh, agus ghath, eadhon ann an teis-meadhon a' chatha. An t-àite sin le coltas cunnairt do an t-saighdear Chriosdaidh, is e an t-àite as teàruinnte tha ann. Is ann a thaobh nan gealtairean a tha aobhar criothnaiche. Iadsan a ni oidheirp am beatha a ghleidheadh is iad a tha a' cur am beatha ann an cunnart. Tha firinn agus tròcair ceartas agus sith air còmhachadh a chéile, ann am bàs "Ceannard na Slàinte," a bha air "a' dheanamh foirfe tre fhulangasaibh," agus chomhlaich iad



## Saor-Thoileach

agus phòg iad a chéile ann an teasairginn o gach comhrag anns am bi saighdeirean Chrìosd gus nach bidh tim ann na's mò.

Bu mhiann leam SAIGHDEIREAN ÒG fhaotainn airson na seirbhis so. Airgiod mo Rìgh-sa, ann an ainm an Rìgh féin ghuidhinn oirbh a ghabhail. 'Tha e air a' chur fa'r comhair ann an tairgse Chrìosd anns an t-soisgeul. Crìosd féin, ann an tairgse an t-soisgeil—is e sin airgiod an Rìgh. Is e an Rìgh féin a tha ann le uile shaoibhreas a ghràis, agus airidheachd, agus a ghlòire. Cho eadar-dhealaichte agus a tha so o'n tasdan as àbhaist a thoirt do shaighdeirean òg armailt Bhreatainn! Cha'n'eil ach aon chùinneadh beag air a thoirt dhaibh-san—tha toirbheartas beag air a chuir ris uairean—ach cha'n ana-minic tha an tasdan 'san toirbheartas air an caitheamh gu h-aith ghearr an tigh-an-òil. Ach ann an so tha *saoibhreas nach feudar a rannsachadh*, agus tha e air iarraidh ort a gabhail thugad air ball. A bhi 'san t-saighdeireachd so is e sin a bhi saoibhir gu sìorruidh. Is leibh-sa na h-uile nithean ma tha sibh deònach a bhi le Crìosd—is 'ur cuid-sa e 'sa' mhomaint am miann leibh dùineadh ri teirmichean an t-soisgeil—'sa' mhomaint 'sa bheil sibh toileach a bhi fo fhiachaibh anns na h-uile nithean do

## Òraid do Shaighdeirean

Iosa mar Shlànuighear, agus a bhi 'nur seirbhisich dha mar Thighearna nan uile nithean. Gheibh sibh an uair sin airgid an Rìgh, eadhon uile ionmhas an Rìgh; gu leòir gur giulain gu crìoch bhur n-uile chathan—gu leòir a mhaireas dhuibh gu sìorruidh. Ach cha'n fhaigh sibh e 'nur làmhan. Cha'n fhaigh sibh a laimhseachadh ach a mhàin na tha sibh a nis a' sealbhadh de shìth. Ach tha còir agaibh air na's leis an Rìgh, agus nì Esan a bhuileachadh oirbh gu gràs mhor agus glic mar chabhair anns gach àm feuma. O! is cinnteach gur teirmichean fialaidh iad so—cho fialaidh agus gur amaideas agus eucoir an diùltadh.

Cha'n'eil an Rìgh airson a bheil mise a tagar mar rìghrean talmhaidh. Cha ghabh iadsan 'nan armailtean ach daoine dàicheil agus fallan. Tha e air iarraidh air *Seargaint*, a' togail shaighdeirean airson arm Bhreathuinn, gu'n duine a ghabhail ach na tha saor o ghalair a réir an lighiche. Cha bhi an duine croiteach, no luspardan, n'an dall, n'am bodhar, n'am balbhan air a ghabhail; Cha leigear am bacach a stigh do dh'arm Bhreathuinn; nì mo a leigear a h-aon ro òg no ro shean, na aon ach fìrionnaich a stigh. Cha'n'eil Ceannard na Slàinte a' cur a leithid sin de chuibhrichean air a *Sheargaintean*-sa. 'Se' ordugh dhaibh:—“Thoir a

## Saor-Thoileach

stigh an so na bochdan, agus na bacaich, agus na doill." Nach bu neònach an armailt a dheanadh a leithid so. Gu cinnteach is coltach nach 'eil iad so freagarrach ach airson an tigh-eiridinn, agus ged tha iad gun amharus am feum leighis, tha iad ullamb cuideachd airson a' bhlàir. Ann an armailtean eile cha'n urrainn iadsan a théid do thighean-eiridinn a bhi aig a cheart àm anns na sreathaibh cogaidh. Ach tha e chaochla a thaobh an armailt Chriosdaidh. Faodaidh iad a bhi air an leigheas 'sa' bhlàr chogaidh, agus eadhon an uair a tha iad a' cogadh ris an nàmhaid. 'Tha Rìgh 'gan gairm gu bhi nan *euslaintich*, chum 's gu'n dean e *saighdeirean* dhiubh; agus faodaidh iad an àite a chumail ann an seomairichean a Bhetesda, eadhon an uair a tha iad a' cathachadh fo'bh rataich. An ni a tha eu-comasach ann an àitean eile is riaghailt e ann an so. Agus cho freagarrach 's a tha an t-òrduchadh so! Bha mi gu tric dhe'n bheachd, 'nam òige, gu robh ro bheag cliù air a thoirt do shaighdeirean cumanta airson na buaidh a choisneadh. B'e an t-Àrd-Chomanndair d'am b'abhast an cliù iomlan a bhi air a thoirt. Ach mar is mò a leughas mi agus a bheachdaicheas mi mu'n chùis is ann is dearbhtha mi nach robh



## Òraid do Shaighdeirean

buaidh a' Chomann-dair air dàn an là air a' chur ro àrd mar a shaoil mi uaireigin. Ach, ann an euchdan an armailte so, is e Ceannard na Slainte "na h-uile anns na h-uile." Is ann tre neart féin air a' dheanamh foirfe ann an anmhunnachd a luchd-leanmhainn tinn, a tha obair cogaidh air a' dheanamh leis gach aon diubh. Is ann uaithe-san a tha iad a' faotainn am misneachd agus an neart gu léir. An cumhachd a tha a' toirt na buaidh dhasan, agus dhasan a mhàin a bhuineas e. Tha esan a' deanamh na h-uile an uair nach 'eil aige ach laigse leis an oibrich e. Na biodh meud na galair agus na laigse, dh'aindeoin cho tròm, mata, air a' dheanamh 'na leisgeul chum diùltaidh a thighinn fo bhrataich Rìgh Iosa. Is e an Rìgh Ceannard na Slàinte. Thigibh Thuige-san chum bhur leigheas, thigibh Thuige-san a dheanamh seirbheis. A' taiceachadh airsan le geur-aithne air bhur neo-chomais, agus a' leantuinn solus iùil na firinn, rachaibh a mach a choinneachadh na h-uile dh'fhaodas a bhi a' feitheamh oirbh, le dòchas ann am buaidh, dhe'm bi glòir gu léir aig an Rìgh, agus buannachd shiorruidh agaibh-sa.

Tha AN ACUINN uidheamaichte dha na saighdeirean òga. Tha gu leòir anns an arm-lann rioghail airson gach saighdear òg a thig, uidheamachadh.

## Saor-Thoileach

Tha sinn a' cluinntin uairean nach 'eil n'as leòir a ghunnachan iomchuidh r'ar feum a' tighinn á tighean beairt-chogaidh na stàid. Ach cha thachair sin ann an so. An cumhachd a tha a' cosnadh neach gu bhi 'na shaighdear, tha e ag uidheamachadh an t-saighdeir òig 'sa' cheart àm. Tha e a' tighinn armaichte mar shaighdear. Tha an t-uirsgeul mu bhreth ann an armachd air a choimhlionadh ann-san a mhàin. Ach feumaidh e a bhi ealanta le 'armachd. Tha feum aig saighdeirean òga air *teagasg arm*. Ach cha'n ionnan teagasg shaighdeirean òga Crìosdaidh agus dhuibhsa, shaighdeirean saor-thoileach. Cha'n'eil namhaid f'ar comhair-sa am feadh a tha sibh air bhur teagasg. Is ann 'sa' mhac-mheamnadh a tha an nàmhaid a tha romhaibh. Tha bhur stàilinn a' stobadh an athair a mhàin, agus tha bhur peileirean a' bualadh targaidean màrbh a mhàin, nach buail air ais. Cha'n ionnan idir do shaighdeirean saor-thoileach an t-soisgeil. Is fìor e nach 'eil an ceud diachainn anns 'na h-àitibh arda, no air a' bhlàr fhosgailte. Ach is fìor chomhrag e ri fìor nàmhaid. Cha'n ann le cathachadh athairris-each tha iad a' fàs ealanta—cha'n ann am “fealla-chath” a dh' fhoghlumas iad eòlas comhraig mhaith. Agus is e, ged 'se na seòmraichean am

## Òraid do Shaighdeirean

blàr, strì mharbhtach ri nàmhaid a tha araon laidir agus sligheach. 'Nan cridheachan 's nan dachaidhean, feadh an teagaisg-arm, choinnich iad ris gach nàmhaid, ris am bi aca cathachadh, gus am bi laithean a' comhraig crìochnaichte. Ann an cruthan nuadha, faodaidh an nàimhdeas e féin a nochdadh, ach 'se na nàimhdean ceudna a tha ann a ghnath. Choinnich iad ri na mearachdan an aghaidh am feum iad fianuis fhollaiseach a thogail 'nan smuaintean dìomhair féin, agus cha'n'eil ann an ionnsuidhean saoghail dùbhланаich ach, air sheòl eile, uspairn cheannairceach an cridheachan cealagach féin, a bha iad air an deanamh comasach le cobhair gràis, ann an uaignidheas an seòmraichean cur an aghaidh, agus a mhùchadh. Na h-uile nithean a bhios aca ri ghiulain, 'nam faireachduinn air foill is fòirneart gheur, tre naimhdeas an t-saoghail, cha'n'eil ann a mhàin, ach na ghiulain iad cheana nuair nach robh ni sam bith 'san eadraiginn eadar am féin-fhiosrachd agus "aingidheachd spioradail ann an ionadaibh àrda."

Ann an SEIRBHIS COGAIDH feumaidh uile shaighdeirean nah-armailt Chrìosdaidh a bhith. Feumaidh iad uile an aghaidh a chur air an nàmhaid. Agus cha'n'fheudar leo géilleadh fa chomhair so. Tha iad lag, tha iad tinn, tha iad aineolach, ach

## Saor-Thoileach

feumaidh iad còmhraig. Agus a leithid a nàmhaid cuideachd! Cumhachd fir-brathaidh laidir 'sa chàmp, armailt an t-saoghail air gach taobh, agus feachd an dorchadais! Is iad so an nàimhdean, agus mur marbh iad iad bidh iad air am marbhadh leo.

Ann an cogadh tha deuchainnean shaighdeirean glè eadar-dhealaichte o chèile. Ann an cogadh *Bhonabart*, thàinig cuid a dhaoine as gach blàr gun sgiorrag gu cath *Waterloo* a chur. Bha cuid eile airson a' cheud uair 'san uair mu dheireadh fo theine 'sa' bhlàr fhuileachdach sin. 'Tha cuid nach deach 'san arm gu uair na buaidh. Ach tha uile shaighdeirean Crìosdaidh air an gairm gu cath a mhaireas fad ré am beatha. Agus c'arson a chrùbadh iad bho na bhlàr. Bithidh gealtairean uairean a' leigeil orra a bhi tinn roimh an chath, bidh cuid a' teicheadh, agus falaichidh cuid eile iad féin gus a bheil an cunnart thairis. Seadh, cha'n'eil ro-mhòr iongantais orm ri so, ma tha an Ceannard mi-ealaidh, agus ma tha teàruinnteachd beatha an t-saighdeir dearbh-chinnteach, an cùis olc, agus am bàs cinnteach. Ach ma tha Èsan aig a bheil an t-àrd-ughdarras neo-mhearachdach, ma's i chùis as fearr de chùisean uile, c'ait a nis a bheil aobhar leisgeil no gealtaireachd? Cha'n'eil àite

# Òraid do Shaighdeirean

dha fùidsidhean 'san armait Chriosdaidh, agus cha'n'eil leithsgeul ann gu géilleadh.

Is ann le bhì gu cinnteach air taobh Chriosd bhithear neo-sgàthach anns a' chath. Biodh a Cheannard 'na chridhe agus cha bhì crìth ann an gairdean an t-saighdeir. Na biodh crùbadh bho'n chòmhrag, oir tha beatha a' Chriosdaidh teàruinnt agus tha 'bhuaidh cinnteach. Roimh dha dhol 'sa' chath tha 'bheatha ann an gleidheadh Dhé. Cha'n'eil e a' toirt a bhì gus a' chaonnag. Agus aig crìoch a' chogaidh cha toir e leòntan gu dhachaidh. Bheir e eadhon "tuilleadh agus buaidh." Bidh aige-san na's mò na buaidh. Tha fear na buaidh uairean glè mhi-choltach ris a' bhuaidh. Nochdaidh e lotan agus laigse fo 'n chrùn leis a bheil a cheann air a chrùnadh. Ach iadsan a bheir buaidh tre an Uan am feadh tha crùn na glòire orra, tha slàinte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri'n uile dhòruinn anns an uair a thug iad buaidh; agus bidh sonas bith-bhuan 'nan cridheachan agus aoibhneas siorruidh air an cinn an uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrdshonas agus glòir tigh an athar.



'S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,  
Ar spionnadh e 's ar treis:  
An aimsir carraid agus teinn,  
Ar cobhair e ro dheas.  
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,  
Cha 'n aobhar eagail duinn:  
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'  
Am builsgein fairg'is tuinn.—*S. xlvi. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'  
Cha bhi ort geilt no sgàth;  
No fòs fa chùis na saighde bhios  
A' ruith air feadh an là:  
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh  
Tha triall an dorchadas:  
No fòs fa chùis an uilc a bhios  
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xci. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas  
Na fuaim nan uisge garbh';  
Is treise Dia na sumainnean,  
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

“**N**UAIR a rinn a’ Roinn-Eorp’ bagairt a’ dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e ’na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d’ éirich iad mar aon duine a’ dhìon an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b’e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

’N uair tha eud an t-saighdeir ’na theine le gràdh tìr’ is teach’, cha’n’eil crìochan aig dànachd a spioraid, agus cha’n’eil beart arma ris nach sìn e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Rìgh, agus cha’n’eil an coimeas an arm tìr air bith. Bu choir “Tìr nam beann ’s nan gleann,” bhi na “Tìr nan gaisgeach.” . . .

’S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chrìosd bhithear neo-sgàthach anns a’ chath. Bitheadh a Cheannard ’na chridhe agus cha bhi crìth ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho’n chòmhrag, oir tha beatha a’ Chrìosduidh tèaruint agus tha ’bhuaidh cinnteach. Roimh dha dhol ’s a’ chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri ’n dòghruinn anns a’ bhuaidh, agus bithidh sonas bith-bhuann ’nan cridheachan agus aoibhneas sìorruidh air an cinn ’n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar.”

*Dr Ceanaideach*

*bha’n Inbhir pheofharan.*











